


Aodach

Breacan

Thàinig a' phlaide bhon 'bhrat', còmhach a bha a' dol mu thimcheall nan guailnean agus a bha daoine a' cur orra bho chionn linntean. Bha e air a cheangal mun mheadhan mar bu trice. Chì sibh san dealbh seo mar a tha e air a chaitheamh ann an dòighean eadar-dhealaichte.



Bonaid

Thàinig a' 'bonaid' don Ghalltachd bhon Fhraing agus bho Fhlàrnas san t-16mh linn agus b' ann an dèidh sin a chaith gabhail rithe air Ghàidhealtachd. Bha bonaidean gu math coltach riutha air an caitheamh air feadh taobh an iar-thuath na Ròinn Eòrpa san t-16mh linn.

Tha an ìomhaigh seo a' sealltain Gàidheil le breacan agus bonaid mar phàirt de chruinneachadh litrichean Eideird Burt a bha an sàs anns na rathaidean a bhathar a' togail tron Ghàidhealtachd. Bha e ag obair còmhla ri Marsail Seòras Wade, a thog rathaidean agus drochaidean bho Dhùn Chailleann gu Inbhir Nis.



Muidse

Bha an **currac** geal seo, am 'muidse', a' sealltainn gun robh boireannach pòsta.



Seàla

Bhiodh seàla fada air boireannaich airson an druim agus an cruachain a ghleidheadh bho smùr na mònach. Tha trì seòrsaichean seàla air an ainmeachadh:

guailleag (no guailleachan)

beannag



A' còmhdach
a' chinn 's an amhaich

A' còmhdach nan guailnean agus
a' dol pìos sìos an druim

plaide mhòr



Drògaid

'S e aodach air a dhèanamh de chlòimh gharbh agus **anart** a bha ann an 'drògaid'. Bha e ga chleachdadadh tron 19mh linn agus anns an 20mh linn.



Èideadh Gàidhealach

Chaidh **Achd an Dì-armachaidh** a chur an gnìomh an aghaidh a bhith a' caitheamh an **èididh** Ghàidhealaich no **breacan** sam bith. Dh'fhaodadh na rèiseamaidean Gàidhealach a-mhàin seo a chur orra. Bha tartan dorcha an 'Riaghaltais' ann, le loidhnichean eadar-dhealaichte air airson gach rèiseamaid. Chaidh an Achd seo a chur à bith an 1783. Bha am **breacan** air fàs cumanta ann am fasanan Gallta. Air Ghàidhealtachd, bha daoine a' cur orra **èideadh** dorch clòimhe a bha donn no a bha air a dhath gorm le **guirmean** Innseanach.

Dh'fhàs am **breacan** na b' fhasanta leis mar a choisinn saighdearan Gàidhealach (air an **èideadh** an 'tartan') deagh chliù ann an arm Bhreatainn air feadh an t-saoghail. Chaidh cur ris an ìomhaigh sin ann an linn na Banrigh Bhictoria.

